
Semeastar 1 2016-17

BA Cànan is Cultar

Tìotal a' Mhodail:	An t-Aos-Dàna
Còd a' Mhodail:	UQ510704
Là agus Ceann-là	Diciadain 14 Dùbhlachd 2016
Uair is Ùine	13.25-15.30

**'S fhiach an deuchainn seo 34% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-
iomlan sa mhodail.**

Faodar faclairian a chleachdadh.

Chan fhaodar stuth sgrìobhte sam bith eile a thoirt a-steach do sheòmar na deuchainn.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh aig toiseach na deuchainn.

Faodaidh oileanaich notaichean a ghabhail sa chòig mionaidean seo.

Tha ceithir ceistean san deuchainn seo. Feumaidh tu DÀ cheist a fhreagairt a-mach às na ceithir ceistean seo.

Tha an t-aon luach fa chomhair gach ceist.

Cuir an àireamh oileanaich agad agus ainm an ionaid-mheasaidh a-mhàin aig bàrr gach leabhair-fhreagairt.

Na cuir d' ainm air gin de na duilleagan.

Cuir loidhne tro notaichean nach eil thu ag iarraidh a bhith air an cunntadh.

Na sgrìobh ach air aon taobh den duilleig.

Faodar am pàipear seo a thoirt a-mach à seòmar nan deuchainnean.

Freagair DÀ cheist a-mach às na ceithir.

1. Rosg Clasaigeach

Acht so amháin gurab cuimhnech liom gurab íad na h-Albanaigh as taosga do thionnsgain cogadh sna trí ríoghachtaibh agus nárbh íad Saghsanaigh no Eireannaigh; oir tair éis coibhinent no coimhchengal do dhénamh an aghaidh an ríogh agus Shaghshanach um na h-easbagaibh do chur ar chúl agus Presbetrí do chur na n-ionad, gur chuireadar fios ar an rabh d'oifigeachaibh Albanach sna ríoghachtaibh oile taobh thall d'fhairge, agus go n-dénadar árd chomanndair d' Alasduir Leislí .i. senshoighdeir do bhí fada a ccogadh ar choigcrích. Do ghlúais an t-arm sin ar an aghaidh go Saghsan. Asé sin an chét arm do cuireadh ar chois an aimsir rí Shérlais, agus is na aghaidh do bhí se.

- a. Eadar-theangaich an earrann gu h-àrd gu Gàidhlig no Beurla. (34)
- b. Dè bha air chùl 'Cogadh an Choimhcheangail' agus dè a' phàirt a chluich na Gàidheil ann? (33)
- c. Dè na prìomh obraichean a chaidh a sgrìobhadh ann an rosge Clasaigeach ann an Alba? (33)

2. Bàrdachd le Daoine Uasal

Fear ba ghéar meabhair ar dhán,
ó nach deachaidh dámh gan díol;
taoiseach deigh-einigh suaire séimh,
agá bhfaightí méin mheic ríogh.

Dámh ag teacht ó Dhún an Óir
is dámh ón Bhóinn go a fholt fiar:
minic thánaig iad fá theist,
ná mionca ná leis a riar.

Seabhag seanglan Sléibhe Gaoil,
fear do chuir a chaoin ré cléir;
dreagan Leódhuis na learg ngeal,
éigne Sanais na sreabh séimh.

- a. Eadar-theangaich na trì rannan gu h-àrd gu Gàidhlig no Beurla. (34)
- b. Minich cudromachd Leabhar an Deadhain airson mar a ghlèidh e bàrdachd le daoine uasal, fireann agus boireann, seach le bàird dhreuchdail a-mhàin. (33)
- c. Thoir cunntas mionaideach air meadrachd an treas rainn. (33)

3. Amour Courtois

Ní bhfuighe mise bás duit,
a bhean úd an chuirp mar ghéis;
daoine leamha ar mharbhais riamh,
ní hionann iad is mé féin.

Do chíocha corra, a chneas úr,
do ghruaidh chorera, do chúl fiar -
go deimhin ní bhfuighead bás
dóibh sin go madh háil le dia.

Do mhala chaol, t' fholt mar ór,
do rún geannmaidh, do ghlór leasg,
do shál chruinn, do cholpa réidh -
ní mhuirbhfeadh siad acht duine leamh.

- a. Eadar-theangaich an earrann gu h-àrd gu Gàidhlig no Beurla. (34)
- b. Minich na gnàthasan cùirteil a tha bàrdachd den t-seòrsa seo a' cur bun os cionn. (33)
- c. Thoir cunntas mionaideach air meadrachd rann a h-aon. (33)

4. Laoidhean na Fèinne

Tairngis an t-seann lann ó a truaille
do chosain mór buaidh a n-ár;
marbhais Mac Uí Dhuibhne an phéisd,
do thánaig féin dá h-éis slán.

Tuitis sbrochd air Fhionn na bhFéin
is suidhis é 'san gnoc;
Mac Uí Dhuibhne nar dhiúlt dámh,
olc leis a theacht slán ón torc.

Air bheith dhó fada 'na thosd,
adubhairt, gérbh olc re rádh,
'Tomhais, a Dhiarmaid, ó a shoc
gá mhéad troigh 'san torc so atá.'

- a. Eadar-theangaich na trì rannan gu h-àrd gu Gàidhlig no Beurla. (34)
- b. Dè an sgeulachd a tha air chùl an laoidh seo? (33)
- c. Mìnich gràmar nan còig abairtean sna rannan shuas a tha sreath fodhpa a rèir am pàirt den ghnìomhair no riaghailtean urachaidh, agus innis dè bhiodh annta an Gàidhlig na h-Alba. (33)